

Tha Mòrag Nic an Tòisich ag innse mun leabhar The Guinness Book of Records.

Pàirt 1

Chaidh an leabhar *The Guinness Book of Records* fhoillseachadh an toiseach ann an 1955. Bidh e a' tighinn a-mach gach bliadhna 's bidh fiosrachadh ann mu na gnìomhan as mìorbhailiche a tha daoine air a dhèanamh agus mu na rudan as iongantaiche anns an t-saoghal nàdarra. Tha *The Guinness Book of Records* fhèin air a chlàradh mar an leabhar-bliadhnaileas motha a chaidh a reic a-riamh. Tha e cuideachd air fear de na leabhraichean as trice a thèid a ghoid à leabharlainn. Tha iad seo mar fhianais air cho tarraigeach 's a tha an leabhar dhan mhòr-shluagh.

Ciamar a thàinig an leabhar gu bith ma-tha? Ann an 1951, bha Hugh Beaver, a bha ag obair aig a'bhuidheann *Guinness Breweries*, a' sealg ann an Èirinn. Bha argamaid eadar e fhèin agus fear eile anns a' bhuidheann a thaobh cò an t-eun a bu luaithe san Roinn Eòropa. Thuig e nach robh e comasach dha dearbhadh gun robh e ceart. Bha cuideachd fios aige gum biodh deasbadan gu leòr eile mar seo ann gu tric 's nach robh dòigh anns an gabhadh an rèiteachadh. Thàinig e a-steach air gur dòcha gum biodh leabhar anns am biodh freagairtean do cheistean mar seo soirbheachail.

Chaidh rannsachadh a dhèanamh airson an leabhair ann an 1954 agus chaidh iomadh reacord a chlàradh. Chaidh an leabhar fhèin fhoillseachadh ron Nollaig a' bhliadhna às deidh sin agus ràinig e mullach nan liostaichean-reic ann am Breatainn. Le cho soirbheachail 's a bha a' chiad leabhar, thàinig a' bhuidheann *Guinness* chun a' cho-dhùnaidh gun clò-bhuaileadh iad leabhar a h-uile bliadhna. Dh'fhàs an leabhar cho ainmeil 's gun deach sreath telebhisean a dhèanamh cuideachd: *Record Breakers*.

Pàirt 2

Tha na leabhraichean anns na bliadhnaich mu dheireadh air a bhith a' cur cuideam air gnìomhan iongantach a rinn daoine. Tha reacordan àbhaisteach ann, leithid an neach as luaithe air an t-saoghal. Ach tha feadhainn annasach ann cuideachd, mar an ùine as motha a bha air a cur seachad a' cluich geama-bùird. Bidh fiosrachadh ùr air a chur ris an leabhar gach bliadhna.

Ann an 2005, chomharraich Guinness an naoidheamh latha den Ghearran mar latha sònraichte gus feuchainn ri reacordan a bhriseadh. Chaidh tomhas gun do ghabh ceud mìle duine pàirt anns an latha seo. Cha robh e na iongnadh mar sin gun robh còrr 's dà mhìle reacord ùr ann air a' bhliadhna sin – aireamh a bha fada na bu mhotha na an àbhaist.

Chan eil teagamh nach eil *The Guinness Book of Records* air buaidh mhòr a thoirt air an t-saoghal on a chaidh fhoillseachadh an toiseach. Tha e air cuid a mhisneachadh gus dùblain ùra feuchainn agus tha e air luchd-leughaidh a bhrosnachadh gus faighinn a-mach mu na rudan iongantach a tha nar comas mar dhaoine.